



Highlands and Islands Enterprise  
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

# Plana Gàidhlig

Iomairt na Gàidhealtachd 's  
nan Eilean, 2009-12



## 'S ann a tha e toirt dhomh toileachas mòr a bhi an sàs ann an foillseachadh de chiad Phlana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE).

Tha na daoine 's na h-ainmean-àite ann an sgìre HIE, bho Shealtainn sìos gu ruige Earra-Ghàidheal agus na h-Innse Gall a-null gu sgìre eachdraidheil Mhoireibh, a' toirt taisbeanadh air an dualchas Gàidhealach is Lochlannach a tha air a bhi comharrachadh na sgìre bho chionn linntean mòra. 'S e fear dhe na nithean as tlachdmhor agus as tarraingeach mu bhi fuireach air a' Ghàidhealtachd ach a bhi faicinn is a' faireachdainn a' chaochlaidh de dhualchas a th' againn ann an seo mar phàirt àbhaisteach de bheatha làitheil an àite, agus gu bhi cluinntinn na Gàidhlig is muinntir na sgìre fhathast ga bruidhinn gu cunbhalach is gu nàdarra.

'S fhada bhon a thug HIE, agus Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd roimhe, mothachadh ris na cothroman an lùib leasachadh na Gàidhlig, cho math ris a' chultar agus an dualchas a bhuinneas rithe, ann an leasachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Gu dearbha, tha sinn moiteil às ar taic thairis air an fhad-ùine airson na Gàidhlig is sinn ga faicinn mar mhaoin air leth prìseil. Tha sinn gu mòr airson is gun cluich HIE pàirt mòr ann an ath-bheothachadh leantainneach a' chànain.

Chan eil teagamh ann nach eil Achd na Gàidhlig (Alba) 2005; cruthachadh Bhòrd na Gàidhlig; Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an cùnnradh ùr airson

Phlanaichean Gàidhlig aig buidhnean poblach, a' toirt spionnadh agus fòcas ùr ri leasachadh na Gàidhlig. Gheibhear ann am *Plana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, 2009-12*, sreath de ghealltanasan stèidhichte air, agus a' togail air, co-ionannachd airson a' chànain agus a luchd bruidhinn; a' mealadh agus a' gnàthachadh a' chànain sa bhuidhinn fhèin agus sinn a' dèanamh cinnteach gum bith HIE ann an suidheachadh far a bheil e nar comas a' choimhearsnachd Ghàidhlig a frithealadh sa Ghàidhlig.

Tha fhathast comas mòr leasachaidh an lùib na Gàidhlig agus nì HIE co-obrachadh ach am faic sinn làn-bhuannachd ath-bheothachadh a' chànain air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan. Feuchaidh HIE ris na buaidhean is buannachdan leasachaidh eaconomach is coimhearsnachd a' chànain, a chultair agus a dhualchais, a thoirt gu buil, agus gus suidheachadh dha-rìribh seasmhach airson choimhearsnachdan Gàidhlig na Gàidhealtachd a thoirt gu buil.

'S ged a tha dùbhlain ann fhathast, se àm air leth togarrach a tha seo airson na Gàidhlig agus airson na Gàidhealtachd. Tha HIE gu mòr a' cur roimhe gun teid cultar agus cànan nan Gàidheal, is iad cho prìseil aig ginealach là an-diugh, a chumail ann an deagh shlàinte airson nan ginealaichean ri teachd.

### Sandaigh Cuimeanach Ceannard

## Clàr-innse

	duilleag
Earrann 1 Ro-ràdh	04
Earrann 2 Achd 2005 agus brath foirmeil airson Plana	05
Earrann 3 Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Gàidhlig a' stèidheachadh fàs seasmhach	06
Earrann 4 Gàidhlig ann an raon obrach HIE	09
Earrann 5 Prìomh dhleastanasan	10
Earrann 6 Plana Leasachaidh na Gàidhlig HIE	13
Earrann 7 A' tomhais buileachadh a' Phlana	17
Earrann 8 Luchd-fios an ùghdarrais	18
Eàrr-ràdh 1 Plana Nàiseanta na Gàidhlig	19
Eàrr-ràdh 2 Sgìlean Gàidhlig a rèir sgìre, 2001	20
Eàrr-ràdh 3 Mapa dùbhlain sgìre HIE 2008	21

## 1 Ro-ràdh

Tha Plana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) air ullachadh ann an dreach sgrìobhainn reachdail airson a chur gu Bòrd na Gàidhlig mar fhreagairt air a' Bhrath Fhoirmeil gus Plana Gàidhlig a dheasachadh agus le aire do na feumalachdan mar a tha iad air a mhìneachadh ann an Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S ann mu choinneamh nan trì bliadhna bho 2009 gu 2012 a tha am Plana seo.

Tha na bun-bheachdan cothromachd agus co-ionannachd aig cridhe Achd na Gàidhlig. Tha an reachdas a' comharrachadh gu bheil Gàidhlig na h-Alba 'na cànan oifigeil aig Alba le spèis co-ionann ri Beurla.' Nì cur an gnìomh a' phrionnsabail seo, còmhla ri gnàthachadh eòlas agus mothachadh air a' Ghàidhlig am measg sluaigh na h-Alba gu lèir, cothromachadh air an iomallachadh tha Gàidheil an Alba a' faireachdainn, agus bidh pàirt cudromach aige le seasmhachd ga toirt don chànan. Nì gnìomhachadh a' Phlana Gàidhlig seo aig HIE cinnteach gun coilean a' bhuidheann a gnìomhan ann an dòigh a tha co-chòrdail ri spiorad na h-Achd.

Bheir HIE gu buil Plana Gàidhlig àrd-amasach ach pragmatach don bhuidhinn stèidhichte air na prionnsabalan a leanas:

- **Spèis** – a' cleachdadh prionnsabal spèis cho-ionann mu choinneamh na Gàidhlig agus Beurla, agus mar sin luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Beurla
- **Gnàthachadh** – a' gnàthachadh eòlas agus mothachadh air dearbh-aithne sònraichte Gàidhlig na Gàidhealtachd, agus a' daingneachadh na Gàidhlig mar chànan ri fhaicinn is ri chluinntinn ann an obair làitheil HIE
- **Cothrom** – a' togail air cothroman ùra bho fhàs agus ath-nuadhachadh a' chànan; a' dèanamh làn fheum de chothroman ann an raointean leasachaidh eaconamach agus coimhearsnachd.

Tha e cudromach do shoirbheachadh a' Phlana Ghàidhlig gun dèanar cinnteach gum bi seirbheisean air fhaotainn leis na Gàidheil anns a' chànan as fheàrr leatha. Tha prìomh dhleasan a' Phlana a' toirt prìomhachas do libhrigeadh sheirbheisean ann an Gàidhlig agus leasachadh air comas ann an sgìlean Gàidhlig ach am bi cothrom aig luchd-obrach na seirbheisean sin a libhrigeadh air stèidh co-ionannachd ri Beurla, gu sònraichte ann an oifisean a tha a' frithealadh nam prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig. 'S e aon de phrìomh amasan a' Phlana - a' Ghàidhlig a ghnàthachadh mar eileamaid de bheatha obrach làitheil ann an oifisean HIE, a' cur ri a fàs mar phàirt de bheatha làitheil ann an sgìre dha-chànanach na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Mar thomhas air soirbheachadh a' Phlana seo, tha HIE a' gealltainn gum bi na builean a leanas air a choileanadh aig deireadh 2012. Bidh HIE:

- air fhaicinn agus air a chluinntinn mar bhuidhinn dha-chànanach far am bithear a' coinneachadh ris a' phoball, a' nochdadh spèis cho-ionann do Bheurla agus a' Ghàidhlig agus an luchd-labhairt
- a' dèiligeadh ri ceistean agus iarrtasan sa Ghàidhlig, agus a' dèanamh tairgse for-ghnìomhach air na seirbheisean ann an Gàidhlig do luchd-dèiligidh anns na sgìrean far a bheil mòran ga labhairt
- ag adhartachadh dhreuchdan ann an Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne agus ag adhartachadh na Gàidhlig mar phrìomh sgil am measg luchd-obrach
- dèanamh cinnteach gum bi a h-uile neach-obrach agus gach ball de bhòrd HIE air a dhol gu trànanadh tha togail aire mun a' Ghàidhlig.

<sup>1</sup>Tha sgìlean Gàidhlig air am mìneachadh mar na sgìrean san fhiosrachadh bhon chunntas-sluaigh far an robh sgìlean Gàidhlig aig 40% no còrr den t-sluaigh aig cunntas-sluaigh na Rìoghachd Aonaichte 2001

## 2 Achd 2005 agus brath foirmeil airson Plana

Tha Earrann 3(5) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' comharrachadh gum feum, a thuilleadh air Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig Bhòrd na Gàidhlig agus stiùireadh sam bith air a libhrigeadh le Ministearan na h-Alba, ùghdarras poblach aire a thoirt do ghrunn slatan tomhais reachdail ann a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig:

### (i) Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha am Plana Nàiseanta a' nochdadh mòran ghniomhan a tha a' bualadh air an dachaigh, a' choimhearsnachd, an àite-obrach, beatha phoblach agus roinn an fhoghlaim, a tha uile riatanach gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd. Tha am Plana Nàiseanta a' dèanamh soilleir gu bheil pàirt aig a h-uile buidheann poblach bhuntainneach ann an Alba ann a bhith ga ghnìomhachadh

Tha ullachadh a' Phlana Ghàidhlig do lìonra HIE air a stiùireadh leis na ceithir prionnsabalan co-cheangailte ri ath-bheothachadh cànan, a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, mar dhòigh air fàs agus seasmhachd fad-ùine a thoirt don chànan

- Togail cànan – meudachadh air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig tro bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an cànan air a thoirt seachad agus le bhith a' faighinn chothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh
- Cleachdadh cànan – a' brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig, toirt chothroman mòran nas motha agus nas fharsainge airson an cànan a chleachdadh agus leasachadh chothroman air modhan labhairt Gàidhlig
- Inbhe cànan – meudachadh air na tha ri fhaicinn agus ri chluinntinn dheth, gus aithne a' chànan a leudachadh agus gus ìomhaigh fhiuighaireach a chruthachadh don Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba
- Cànan corporra – neartachadh ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus rannsachadh air a' chànan a chur air adhart.

Tha Earr-ràdh 1 a' mìneachadh amasan fad-ùine Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

### (ii) An ìre is gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh le daoine ann an raon obrach ùghdarras phoblach agus an comas a tha ann dha ùghdarras poblach cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh

Tha Earrann 4 gu h-ìosal a' beachdachadh air sgìlean Gàidhlig air feadh sgìre HIE, a' toirt an aire do chomas a thaobh tuilleadh leasachaidh air cleachdadh na Gàidhlig.

### (iii) Rìochdachaidhean don ùghdarras phoblach

Tha an dreachd dheireannach seo de Phlana Gàidhlig HIE a' gabhail a-steach gearr-chunntas de na beachdan air an dreachd Phlana mar phàirt de cho-chomhairleachadh poblach a chumadh bho 7 Lùnastal gu 5 Sultain 2007. Chùm HIE co-chomhairle gach cuid taobh a-muigh agus taobh a-staigh agus chaidh aire a thoirt do thaisbeanadh sam bith air mar a thathas a' cleachdadh na Gàidhlig, bho dhaoine a nochd ùidh ann an deasachadh a' Phlana Ghàidhlig, mar a thathas air iarraidh fo Earrann 3(6) de dh'Achd 2005.

Obraichidh HIE còmhla ri buidhnean eile ach a dhèanamh cinnteach gum faighear dòigh chunbhalach air libhrigidh sheirbheisean Gàidhlig a mheudachadh agus a leasachadh, le stòrasan air an co-roinn am measg bhuidhnean com-pàirteachaidh.

### 3 Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus a' Ghàidhlig ann an coisinn fàs seasmhach

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil a th' ann an HIE air a maoineachadh le Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba agus an urra riutha. Chaidh a' Bhuidheann a chruthachadh le Achd Pàrlamaid ann an 1990 le dleastanas airson 'ullachadh, cuir air dòigh, adhartachadh, cuideachadh agus gabhail cheumnanan a-chum leasachadh eaconamach agus sòisealta na Gàidhealtachd agus nan Eilean'. Tha HIE ag obair mar bhuidhinn leasachaidh roinneil ioma-ghnìomhaich a' frithealadh sluagh na Gàidhealtachd agus Eilean na h-Alba, agus le uallach airson leasachadh air soirbheas eaconamach agus sòisealta na sgìre

#### Eagrachadh agus gnìomhan HIE

Tha HIE ag obair mar aon bhuidhinn leis na dreuchdan aige air a sgaoileadh agus air a libhrigeadh thar nan ochd sgìrean ionadail a tha còmhachadh na roinne air fad. Tha a' mhòr-chuid de na prìomh dhreuchdan taic ann an Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain agus Beinn a' Bhadhla, ach tha eileamaidean fa leth (a' gabhail a-steach grunn dreuchdan àrd-stiùiridh) ann an oifisean eile.

Tha oifisean ionadail HIE ann an: Steòrnabhagh, Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain, Inbhir Ghòrdain, An Aghaidh Mhòr, Bucaidh, Goillspidh, Inbhir Theòrsa, Farrais, Baile na h-Eaglaise, Liùrabhaig, An Gearasdan, Ceann Loch Gilb, Lionacleit agus Port Rìgh. Tha cuideachd grunn luchd-obrach bho Ionad Fearainn Coimhearsnachd ann an oifis HIE an Uachdar Thìre.

Tha a' bhuidheann agus a luchd-obrach uile ag obair sna sia buidhnean agus na roinnean a leanas:

**Farpaiseachd Roinneil** – le raon-dleastanais airson in-thasgadh, malairt eadar-nàiseanta, cùisean eadar-nàiseanta, margaidheachd air an taobh a-muigh, còmhadhail agus tele-chonaltradh, prìomh earrannan fàis, R&D agus ùr-ghnàthachadh ann an gnothachas, fo-structar ionnsachaidh, leasachadh luchd-obrach, stiùireadh agus riaghladh agus fàs ann an àireamh-sluaigh

**Neartachadh Choimhearsnachdan** – fearann coimhearsnachd, spionnadh coimhearsnachd, iomairt sòisealta, an treas roinn, cultar agus dualchas, a' Ghàidhlig, agus an iomairt Fàs aig an Oir

**Obrachadh** – raon-dleastanais airson a h-uile seirbheis obrachaidh air beulaibh dhaoine air a libhrigeadh anns gach oifis sgìre aig HIE, agus airson cur an seilbh stoc agus com-pàirtean seilbh HIE agus cuideachd leasachadh thogalaichean HIE a riaghladh

**Dealbhadh Ro-innleachdail** – dealbhadh agus eaconamachd, conaltradh agus an àrd-oifis

**Sgrùdadh agus Gèilleadh** – seirbheisean co-cheangailte ri smachdan agus stiùireadh air an taobh a-staigh

**Seirbheisean Ionmhasail agus Corporra** – seirbheisean corporra air feadh lionra HIE a' gabhail a-steach riaghladh ionmhasail, goireasan daonna, cùisean laghail, siostaman fiosrachaidh, solair agus ghoireasan.

#### Raon-dleastanais agus obair HIE

Tha cur an seilbh agus obair HIE a' cumail ri Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais, a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba ann an Samhain 2007. 'S e an rùn aige,

*'an Riaghaltas agus seirbheisean poblach a chuireadh air cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile, le cothrom do na h-uile an Alba soirbheachadh, tro mheudachadh air fàs eaconamach seasmhach'.*

A dh'ionnsaigh an rùn gu h-àrd, tha cur an seilbh agus obair HIE a' cur cudrom air na rointean prìomhachais a leanas:

- A' taladh agus a' cumail taic ri gnothachasan agus roinnean tha fàs gu mòr agus mar sin ag àrdachadh irean fàs seasmhach air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan
- Cruthachadh a' bhun-structair agus nan suidhichidhean airson farpaiseachd roinneil a leasachadh
- Neartachadh choimhearsnachdan, gu h-àraidh ann an ceàrnaidhean dubhlanach na sgìre.

Ged a tha HIE a' tuigsinn na h-àithne reachdail airson gnìomhachadh a' Phlana Ghàidhlig seo, tha cruthachadh a' Phlana a' toirt cothrom ùr don bhuidhinn tuilleadh leudachaidh agus leasachaidh a dhèanamh air àite ar dearbha-aithne agus cultair Ghàidhealaich, air a mhineachadh agus air a chumail suas leis a' chànan, le sùil ri fàs eaconamach seasmhach.

Tha HIE den bheachd gun urrainn prìomh phàirt a bhith aig adhartachadh sgìre na Gàidhealtachd agus nan Eilean a tha da-chànanach, agus na buannachdan co-cheangailte ris mar bharrachd fèin-mhisneachd agus fèin-mheas am measg dhaoine, choimhearsnachdan agus ar daoine òga; meudachadh mothachadh na roinne air cultar agus cruthachail eachd beothail agus sònraichte; cur ri sgilean, coileanadh acadamaigeach agus ùr-ghnàthachadh, agus adhartachadh cothromachd agus ceartas airson daoine agus cultaran eadar-dhealaichte, ann an adhartachadh coimhearsnachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean a tha àrd-amasach, cumhachdach agus beothail mar mhodail airson fàs eaconamach seasmhach anns an 21mh linn.

Taobh a-staigh an fhrèam gu h-àrd, bidh leasachadh Gàidhlig HIE a' coimhead ris na builean a leanas a choileanadh, gus:

- tàladh dhaoine ùra, bheachdan ùra agus cur an seilbh ùr
- cruthachadh choimhearsnachdan misneachail, co-aonaichte agus seasmhach airson na h-ama ri teachd
- cruthachadh sgìre farpaiseach ann an Alba farpaiseach

#### Tàladh dhaoine ùra, bheachdan ùra agus cur an seilbh ùr

'Ann an eaconamaidh saoghalach a tha sior fhàs farpaiseach agus eadar-eisimeileach, tha àite deatamach aig fiosrachadh airson nan eaconamaidhean sin a tha ag amas air fàs agus leudachadh nas luaithe. Tha prìomh phàirt aig an Riaghaltas aig a h-uile ìre fhathast, le cudrom sònraichte air a' chalpa daonna a tha a' cruthachadh agus a' cleachdadh fiosrachadh'. 'Le bhith a' dèanamh Alba nas beartaiche mar àite còmhnaidh agus obrach tha sinn nas dualtaiche daoine fìor sgileil a thàladh... (agus) Alba a dhèanamh nas tarraingiche ann an saoghal far a bheil gnothachasan so-ghluasad a' coimhead ri cur an seilbh ann an àiteachan soirbheachail le meall riatanach de eòlas, sgilean agus comas ceangail.'<sup>2</sup>

<sup>2</sup>Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais, Riaghaltas na h-Alba, Samhain 2007, p.6

'S urrainn dhan a' Ghàidhlig, is i a' gleidheadh saoghal cultarach agus dòigh-beatha bheothail, a chur ri cliù na sgìre mar àite coinneachaidh airson cultaran eadar-dhealaichte. 'S urrainn don seo aire chruthachail agus ùr-ghnàthachaidh a bhrosnachadh, a' cur ri goireasan daonna agus a' leudachadh eaconamaidh stèidhichte air eòlas san sgìre. Tha sinn mar-tha a' faicinn fàs nan gnìomhachasan cruthachail, stèidhichte air fiosrachadh tro Ionad Fàs ann an Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach, a' beathachadh air an àrainneachd chànanach shònraichte a tha am measg oileanach agus luchd-rannsachaidh stèidhichte air làrach na colaiste.

*'Tha cruthachaileachd a' tarraing air freumhan dualchais, ach a' soirbheachadh còmhla ri cultaran eile,'<sup>3</sup>*

'S urrainn do sgìre na Gàidhealtachd 's nan Eilean a tha sìor fhàs da-chànanach tuilleadh iomadachd a chumail suas agus adhartachadh, a' cur fàilte air in-imrichean ùra le cultaran eadar-dhealaichte. 'S urrainn do HIE dèanamh cinnteach gum bi calpa daonna agus suidheachadh air leth air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan airson daoine fìor sgileil agus cruthachail a thàladh, a' toirt buannachd fharpaisich don sgìre taobh a-staigh suidheachadh eaconamach an t-saoghail. Le bhith a' leasachadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean mar àite nas inntinniche a thaobh cultair agus nas beartaiche mar àite-còmhnaidh, 's urrainn dhuinn cur an seilbh ùr agus in-imrichean le sgìlean a thàladh.

Tha saoghal nan ealan agus cultair a' cuideachadh a' stiùireadh leasachadh coimhearsnachd tro adhartachadh eadar-obrachadh agus co-aontachd coimhearsnachd agus a' cur ri gnè-beatha, ach 's urrainn do chultar, na h-ealain agus cruthachaileachd cuideachd a bhith na phrìomh stiùiriche den eaconamaidh ionmhais. O chionn ghoirid tha sinn air stuthan bho shaoghal nan ealan agus ceòl Gàidhlig, litreachas Gàidhlig agus filmichean Gàidhlig fhaicinn a' briseadh tro shaoghal gnàthach nan ealan agus cultair ann an Alba agus an àiteachan eile.

#### **Cruthachadh coimhearsnachdan misneachail, co-aonaichte agus seasmhachd airson na h-ama ri teachd**

'Tha dearbh-aithne agus buntanas bunaiteach de shoirbheas pearsanta, agus na tha coimhearsnachd shoirbheachail agus cho-aonaichte a' coileanadh.<sup>4</sup>

Mar a tha cleachdadh na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd air a ghluasad gu iomall na dùthcha (faic Eàrr-ràdh 2), tha HIE mothachail ri mar a tha na sgìrean sa bheil Gàidhlig air a labhairt co-ionnan gu ìre mhòr ri 'Sgìrean Dùbhlannach' HIE (Eàrr-ràdh 3). Tha diofar choimhearsnachdan stèidhichte taobh a-staigh nan sgìrean lag sin a' nochdadh mar-tha gum faod pàirt a bhith aig cumail agus neartachadh na Gàidhlig agus cultar Gàidhealach traidiseanta ann an ùghdarachadh choimhearsnachdan; a' cruthachadh na misneachd agus an iarrtais annta fhèin agus nan coimhearsnachdan a bhith a' gluasad air adhart leasachadh a dh'ionnsaigh seasmhachd san àm ri teachd.

Tha cruth-tìre agus dòigh-beatha nan ceàrnaidhean nas iomallaiche agus nas dùthchaile den Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan mar-tha a' tàladh in-imrichean, tha HIE den bheachd gun urrainn don chultar thraidiseanta tro thachartasan sa choimhearsnachd agus Fèisean cuideachadh le co-aontachd shòisealta sna coimhearsnachdan sin. Tha daoine a thig a-steach às ùr don sgìre gu tric airson a bhi an sàs sa chultar dhùthchasach agus tha foghlam da-chànanach mar-tha a' tàladh cuibhreann mhòr de chloinn le pàrantan nach buin do dh'Alba. Chan e dìreach daoine bho dhualchas dùthchasach sònraichte is urrainn meas a chur air dualchas cànanach agus cultarach na sgìre agus ionnsachadh mu dheidhinn. Faodaidh in-imrich leantainneach le cur a-steach cruthachail ùr leantainn gu dearbh-aithne ùr airson na Gàidhealtachd.

#### **Sgìre fharpaisich ann an Alba fharpaisich**

'Tha libhrigeadh fàs seasmhach le cothroman do na h-uile aig cridhe Rùn an Riaghaltais. Tha ar trì "riaghailtean òir" ann am fàs – dilseachd, co-aontachd agus seasmhachd – a' sealltainn cho cudromach 's a tha ceartas sòisealta, cothromachd roinneil agus spèis don àrainneachd am measg shluagh measgaichte na h-Alba. Ach, còmhla ri bhith na thoradh agus na phàirt riatanach de fhàs, tha dèiligeadh ri ceartas sòisealta, roinneil agus gu sònraichte eadar-ghinealach cuideachd na phrìomh stiùiriche ann am fàs eaconamach.'

Tha pàirt air a bhith aig cànan agus dearbh-aithne ann an soirbheachadh eaconamach dhùthchannan eile le meudan àireamh-sluaigh aig an aon ìre no nas lugha air feadh Ceann a Tuath na h-Eòrpa. Am measg nan diofar dhùthchannan Lochlannach, ged a tha na siostaman foghlaim a' dèanamh cinnteach gun tìgear gu fileantachd ann am Beurla mar chànan cruinneil, tha iad uile a' gleidheadh nan cànan nàiseanta fa leth (còmhla ri diofar mhion-chànanan) mar a' chainnt dhùthchasach anns na dùthchannan fa leth. Tha na cànanan sin nan eileamaidean sònraichte de dhearbha-aithne nan àireamhan-sluaigh meadhanach beag seo agus tha iad a' cuideachadh le brosnachadh misneachd agus fèin-earbsa am measg an t-sluaigh.

<sup>3</sup>Universal Declaration on Cultural Diversity', UNESCO 2002

<sup>4</sup>National Curriculum, *Identity and Cultural Diversity*, <http://curriculum.qca.org.uk/cross-curriculum-dimensions/culturaldiversityidentity/index.aspx>

<sup>5</sup>*Government Economic Strategy*, The Scottish Government, November 2007 p.36

## 4 Gàidhlig ann an raon obrach HIE

Sios tro na linntean bha cultar le measgachadh mòr de chànanan, dualchainntean agus daoine air a' Ghàidhealtachd 's Eileanan an Alba. Tha sgaoileadh agus tùs ainmean-àite na sgìre; le ainmean-àite Lochlannach Cheann a Tuath na Gàidhealtachd agus nan Eilean, ainmean Gàidhlig àiteachan agus feartan-tìre air feadh na sgìre, agus na h-ainmean Cruithneach, Beurla Ghallda no Beurla, uile a' dearbhadh gun robh slòigh agus coimhearsnachdan cànanan ag obair agus a' fuireach còmhla thar nan linntean.

Tha dualchainntean na Beurla Gallda an Arcaibh, Sealtainn, Moireabh agus Gallaibh, còmhla ri dualchainntean Gàidhlig Iar-Thuath na Gàidhealtachd, Loch Abar, Earra-Ghàidheal agus an iomadh dhualchainnt sna h-Eileanan, a' taisbeanadh gu bheil iomadh seòrsa dhualchainnt air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan fhathast.

Ged a tha an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig a tha a-nis a' fuireach air taobh a-muigh sgìre HIE an ìre mhath co-ionnan ris na air a' Ghàidhealtachd fhèin, ann an àireamhan sa cheud tha na h-ìrean de dh'èòlas Gàidhlig an sgìre HIE mòran nas àirde. An coimeas ri cuibheasachd nàiseanta de 1.8%, sheall an cunntas-sluaigh bho dheireadh gun robh daoine le sgìlean Gàidhlig a' dèanamh suas còrr air 10% de shluagh na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Ged a tha HIE a' cur luach air an dualchas Gàidhlig agus a' chomas airson leasachadh anns a' chuid as motha den sgìre, thathar cuideachd a' tuigsinn gum bu chòir do Phlana Gàidhlig HIE beagan sùbailteachd a cheadachadh a rèir nan sgìrean. Tha an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig a' coimhead ri 'Planaichean Gàidhlig a dheasachadh a tha reusanta agus cothromach a rèir suidheachadh sònraichte ùghdarrasan poblach fa leth.'

Tha sgìrean mar na h-Eileanan an Iar no an t-Eilean Sgitheanach air am faicinn mar àiteachan airson ìre gnìomhachaidh nas motha air Plana Gàidhlig HIE. Tha ceàrnaidhean ann an Dùthaich Mhic Aoidh agus Loch Abar le ìrean sgìlean Gàidhlig meadhanach àrd. Tha grunn de cheàrnaidhean mar sin fhathast ann an Earra-Ghàidheal agus na h-Eileanan cuideachd. Tha àireamhan mòra de luchd-labhairt Gàidhlig mu thimcheall air Caolas Mhoireibh (a rèir cunntas-sluaigh 2001 bha còrr air 5,000 le sgìlean Gàidhlig ann an sgìre Inbhir Nis) taobh a-staigh bhailtean le àireamhan mòra de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha na ceàrnaidhean seo a' toirt chothroman sònraichte airson fàs agus ath-bheothachadh na Gàidhlig. Tha cròileagan Gàidhlig ann an Gallaibh a-nis cuideachd agus aonad foghlaim tron Ghàidhlig san amharc ann an Inbhir Theòrsa agus a bharrachd air a' chaidh Fhèis Ghallaibh a chaidh a chumail bho chionn ghoirid thathas cuideachd an deidh na ciad Fèis Moireibh a chumail is i air barrachd ùidh a bhrosnachadh ann an dualchas agus cultar Gàidhealach ann am Moireabh.

Cha bu chòir do Phlana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean ciallachadh gu bheileas idir a' lùghdachadh cudrom no seasmhachd eileamaidean eile de dhualchas cànanach agus cultarach na h-Alba. Tha dualchas nan Lochlannach agus luchd-labhairt Beurla Ghallda san sgìre a' cur ris a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan agus ris a' mhòthachadh air iomadachd agus spionnadh cultarach agus cuideachd gu bheil na buaidhean cànanach sin air Gàidhlig a' cuideachadh le bhi ga sònrachadh mar chànan fìor Albannach.

## 5 Prìomh dhleastanasan Plana HIE

Tha an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig airson buidhnean poblach a' nochdadh/mìneachadh gum bu chòir Planaichean Gàidhlig airson Buidhnean Poblach a bhith 'a' brosnachadh dhaoine agus Gàidhlig a chleachdadh nuair a bhios iad a' dèiligeadh riutha'. Bidh HIE a' coimhead ri prionnsabal 'tairgse ghnìomhach' a stèidheachadh de sheirbhisean Gàidhlig, a' cleachdadh a' chànan as fheàrr a fhreagras air feuman agus iarrtasan an neach-dèiligidh.

Chan eil teagamh nach toir e ùine a choileanadh dà-chànanas mar rud àbhaisteach ann am beatha làitheil na buidhne agus is ged is dòcha gur e an amas san fhad-ùine airson HIE a h-uile seirbheis a libhrigeadh anns an dà chànan air feadh na Gàidhealtachd agus nan Innis Gall, tha fhios gu bheil suidheachadh na Gàidhlig an Alba aig an àm seo a' toirt buaidh air gach cuid iarrtas agus solarachadh nan seirbhisean sin.

Obraichidh HIE gu dlùth le buidhnean com-pàirteachais agus sàbhalaichean èifeachdais agus buaidh na h-obrach san roinn phoblach a mheudachadh. Bidh HIE a' sireadh chothroman airson co-obrachadh agus co-sheirbhisean agus pròiseactan agus tionnsgnaidhean a chomharrachadh far am biodh comas airson co-obrachadh am measg bhuidhnean san roinn phoblach, gus am bi an Riaghaltas èifeachdach. Bidh HIE a' coimhead ri targaidean co-cheangailte ris a' phlana fhilleadh a-steach sna h-Aontaidhean Toradh Singilte le ùghdarrasan ionadail.

Sgìrean le ìrean ìosal de Ghàidhlig

Chaidh Plana Gàidhlig HIE a chur ri chèile airson gach ceàrn den Ghàidhealtachd agus Innse Gall, a' nochdadh gu bheil deagh rùn agus deagh-ghean don Ghàidhlig am measg oifisean agus luchd-obrach HIE. Tha am Plana seo a' gabhail a-steach sgìrean le ìrean nas lugha de sgìlean Gàidhlig mar Mhoireabh, a' toirt aire do dhualchas Gàidhlig làidir na sgìre, agus Gallaibh, a-rithist a' toirt àite do dhualchas Gàidhlig na sgìre, mar a tha foghlam Gàidhlig a' fàs gu h-ionadail agus a suidheachadh mar phrìomh bhaile ghoireas do Cheann a Tuath na Gàidhealtachd (gabhail a-steach Asainte, Cataibh is Dùthaich Mhic Aoidh) faodar beagan sùbailteachd a chleachdadh ann an cur an gnìomh a' Phlana anns na sgìrean sin.

Ach a-mhàin na dleastanasan co-cheangailte ri freagairt conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig, agus an suaicheantas da-chànanach, tha luchd-obrach stèidhichte ann an Sealtainn agus Arcaibh saor bho na dleastanasan a tha minichte gu h-ìosal fhad 's a mhaireas am Plana seo.

## 5.1 Dearbh-aithne agus conaltradh

Tha cur air adhart dearbh-aithne da-chànanach don bhuidhinn a' toirt buaidh air beachd a' phobaill air HIE agus faodaidh pàirt a bhith aige ann an gnàthachadh na Gàidhlig mar phrìomh eileamaid de dhearbh-aithne HIE am measg luchd-obrach. A thuilleadh air na h-atharrachaidhean soilleir ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi gnàthachadh na Gàidhlig air fhaicinn ann an suaicheantas, soidhnichean, foillseachaidhean agus stuthan margaidheachd na buidhne, tha HIE a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith ag àbhaisteachadh na Gàidhlig mar chànan a chluinnear ann am beatha làitheil oifisean HIE.

Tha toirt cothrom air libhrigeadh sheirbheisean tron Ghàidhlig cudromach airson inbhe cho-ionann fhaighinn don chànan agus na phàirt bunaiteach de fhìor chur an gnìomh prionnsabal spèis cho-ionann don chànan agus na Gàidheil.

Prìomhachasan, gnìomhan agus cinn-là crìochnachaidh:

Dearbh-aithne	2009	2010	2011
Bidh HIE air aithneachadh mar Highlands and Islands Enterprise / Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus bidh an t-aithne da-chànanach seo air a chleachdadh airson gach seòrsa chonaltradh corporra agus didseatach	✓		
Bidh Gàidhlig follaiseach ann an guthan fèin-fhreagairt, (mar àrdaichearan no innealan-freagairt) no an stuth eileagtronaigeach as motha a thathas a' cleachdadh (sgrìonaichean fàilte/logadh a-steach, duilleagan eadra-lìon, ainmean-sgrìobhte eileagtronaigeach).	✓		
Nì HIE cinnteach gum bi a h-uile soidhne oifis, a' gabhail a-steach shoidhnichean ùra, ùraichte no sealach, da-chànanach		✓	

Conaltradh	2009	2010	2011
Bidh luchd-obrach HIE le comas air conaltradh sa Ghàidhlig air an aithneachadh tro chomharra air bràistean an luchd-obrach agus bidh loidhne-fòn shònraichte airson ceistean sa Ghàidhlig air fhoillseachadh		✓	
Gabhaidh luchd-obrach HIE pàirt ann an coinneamhan ann an Gàidhlig (le eadar-theangachadh ma bhios feum air*) mas i a' Ghàidhlig an cànan as fheàrr le 40% de na tha an làthair aig a' choinneimh agus/no ma bha i air h-aontachadh mar chànan na coinneimh.	✓		
Bidh poileasaidhean agus cunnraidhean taobh a-staigh HIE ri buidhnean treas-phàrtaidh a' libhrigeadh sheirbheisean às leth HIE a' toirt iomradh air Plana Gàidhlig HIE agus a' cuideachadh le cumail ri prionnsabalan Plana Gàidhlig HIE	✓		
Bidh HIE a' sanasachadh tairgse ghnìomhach de sheirbheisean tro Ghàidhlig, agus a' cur fàilte air iarrtasan agus litrichean agus gam freagairt ann an Gàidhlig mas i a' Ghàidhlig an cànan as fheàrr leis an neach-dèiligidh. Bidh ùineachan-freagairt co-ionann ris an fheadhainn airson conaltradh sa Bheurla			✓

\* feumar brath a chur seachdain ro-làimh don Mhanaidsear Poileasaidh Gàidhlig

## 5.2 Foillseachaidhean agus luchd-obrach

Tha eòlas agus tuigse mun a' Ghàidhlig, a h-àite an Alba agus ann an Gàidhealtachd 's Eileanan da-chànanach, na eileamaid riatanach ann a bhith ag àrach cultar anns a bheil sìor mhothachadh, tuigse agus spèis do luchd-labhairt Gàidhlig agus don chànan am measg luchd-obrach HIE.

Cuideachd, a chum gus na dleasan an t-air a mhineachadh ann am Plana Gàidhlig HIE a thoirt gu buil, tha e cudromach gum bi HIE a' cruthachadh agus a' cumail suas comas air seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Bheir HIE a-steach dòighean ùra nas luaithe airson Gàidhlig ionnsachadh, a' coimhead gu sònraichte ris an luchd-obrach aig a bheil sgilean sa chànan mar-thà. Adhartaichidh HIE dreuchdan stèidhichte taobh an oifisean an sgìrean far a bheil Gàidhlig air a labhairt.

Prìomhachasan, gnìomhan agus cinn-là crìochnachaidh:

Foillseachaidhean	2009	2010	2011
Leudaichidh HIE cleachdadh na Gàidhlig anns gach pàirt de dh'obair agus gnìomh gus mineachaidhean, ainmean-àite, msaa, a ghabhail a-steach		✓	
Bidh gach fios naidheachd aig HIE a bhuinneas don a' Ghàidhlig agus/no do sgìrean sa bheileas ga bruidhinn air an dèanamh san dà chànan			✓
Bu chòir gum bi Gàidhlig follaiseach air gach nì margaidheachd, stuth-sgrìobhaidh, tachartas, taisbeanadh agus coinneamh phoblach aig HIE (a thuilleadh air cleachdadh an t-suaicheantais dha-chànanach).			✓
Bidh gach foillseachadh corporra aig HIE air an dèanamh san dà chànan leis gach cànan air fhilleadh a-steach ann an aon fhoillseachadh, ma ghabhas e dhèanamh		✓	
Bidh 80% den stuth a tha sgrìobhte air duilleagan-lìn làraich-lìn HIE ri fhaotainn san dà chànan		✓	

Luchd-obrach	2009	2010	2011
Bheir HIE pasgan fàilteachaidh air a' Ghàidhlig agus seiseanan mothachadh air Gàidhlig don h-uile neach-obrach agus ball den bhòrd		✓	
Nì HIE cinnteach gu bheil misneachd aig luchd-obrach ann an cleachdadh diofar mhodhan labhairt mar phàirt de dh'àbhaisteachadh cànan			✓
Cuiridh HIE Gàidhlig a-steach mar eileamaid fheumail anns gach modh fastaidh le sùil gum bi a h-uile dreuchd air a shanasachadh mar seo	✓		
Bheir HIE taic ionmhais agus eile do gach ball den luchd-obrach a tha airson nan sgilean Gàidhlig a leasachadh		✓	
Bidh cothrom aig luchd-obrach HIE air goireasan cànan, ann an cruth corporra agus eileagtronaigeach agus cothrom air seirbheisean mar eadar-theangachadh agus dearbh-leughadh		✓	
Gheibh luchd-obrach HIE a tha comasach, no a dh'fhaodadh a bhith comasach, dèiligeadh ri luchd-dèiligidh sa Ghàidhlig barrachd trèanaidh agus gheibh iad tuarastal bliadhna airson nan sgilean fileantachd a chumail an àrd			✓



## 6 Plana Leasachaidh Gàidhlig airson HIE

Tha HIE dhen bheachd gu bheil pàirt cudromach aig a' Ghàidhlig ann an stèidheachadh fàs eaconamach seasmhach air a' Ghàidhealtachd, na h-Eileanan agus Alba. Tro chur an seilbh agus rannsachadh, 's urrainn do dh'obair HIE fosgladh a dhèanamh air comas ar dearbh-aithne Gàidhlig agus na coimhearsnachd Gàidhlig ann am fàs eaconamaidh farpaiseach agus seasmhach; a' toirt ùghdarras agus neartachadh do choimhearsnachdan agus a' cruthachadh Gàidhealtachd 's Eileanan a tha beothail, cudromach agus tarraingeach.

An lùib cruthachadh Bhòrd na Gàidhlig, Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Plana Gàidhlig do HIE tha an cothrom air ath-sgrùdadh, ath-choimhead agus comharrachadh ro-innleachd leasachaidh soilleir a chuidicheas le coileanadh nam prìomhachasan agus amasan sònraichte air am mìneachadh ann an Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais.

Brosnaichidh HIE cultar ùr-ghnàthachaidh agus iomairt am measg phròiseactan, bidh tionnsgnadh agus buidhnean Gàidhlig a tha air am maoinachadh leis a' bhuidhinn a' lorg chothroman airson obair leasachaidh Gàidhlig a bhrosnachadh am measg iomairtean sòisealta agus na roinn prìobhaidich. 'S e àrd-amas HIE gum bi prìomh phàirt aig a' Ghàidhlig ann an coileanadh nan dùbhlann ro-innleachdail a leanas a tha air an comharrachadh ann an Ro-innleachd Eaconamach làithreach an Riaghaltais:

- **Fàs Eaconamach** – cruthachadh slugh misneachail agus àrd-amasach a' toirt leasachadh na sgìre air adhart
- **Cinneasachd** – taobh a-staigh cultar de dh'ùr-ghnàthachadh agus iomairt am measg luchd-obrach tha fìor sgileil
- **Com-pàirteachadh** – dèanamh cinnteach gum bithear a' co-obrachadh gu cothromach le coimhearsnachd sa mhion-chànan aca fhèin
- **Slugh** – cruthachadh sgìre inntinneach agus tarraingeach, mar àite còmhnaidh agus obrach, leis a' chànan agus cultar
- **Dilseachd, co-aontachd agus seasmhachd** – dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd agus ceartas ann an dèiligeadh ri Gàidheil agus luchd na Beurla ann an Alba, a' gintinn mothachadh eadar-chultarach agus co-aontachd sòisealta.

Bidh HIE a' coimhead ri com-pàirteachasan maoinachaidh fiùghantach a chruthachadh le buidhnean mar Bhòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Iomairt na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail a dh'ionnsaigh thargaidean Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a thoirt gu buil. Chan eil aontaidhean maoinachaidh HIE aig an àm seo no roimhe co-cheangailte ri leasachadh cànan agus/no cultar na Gàidhlig, a' ciallachadh aonta an taic a chumail a' dol.

Cuiridh obair agus taic HIE do leasachadh na Gàidhlig cudrom air cur ri àite na Gàidhlig ann an coileanadh nam prìomh amasan a leanas:

- **Fàs eaconamach seasmhach air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan**
- **Coimhearsnachdan seasmhach co-aonaichte a' fàs**
- **Gàidhlig ann am beatha na h-Alba**

### 6.1 Gàidhlig agus fàs eaconamach seasmhach air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan

Tha a' Ghàidhlig agus an cultar co-cheangailte rithe, a dualchas agus a beul-aithris cudromach ann an stiùireadh fàs eaconamach na sgìre. Còmhla ri leasachadh agus gnàthachadh nan ealan Gàidhlig agus a cultair ghnàthasach mar phàirt de chultar na h-Alba san fharsaingeachd, tha sinn cuideachd a' faicinn fàs ann an roinn nan seirbheisean Gàidhlig, a' solarachadh sheirbheisean mar eadar-theangachadh, ionnsachadh Gàidhlig, dealbhadh grafaigeach, leasachadh làrach-lìn, msaa. mar fhreagairt air fàs ann an iarrtas. Bidh HIE ag obair gus roinn na Gàidhlig, gnìomhachasan Gàidhlig agus a' mhargaidh obrach Gàidhlig a mheudachadh agus ag obair an com-pàirteachas le buidhnean, mar Leasachadh Sgìlean Alba, gus aghaidh a chur air gainnead sgìlean agus fàs margaidh obrach na Gàidhlig.

Nì HIE feum de chothroman ùra agus rannsachadh air a' chomas an cois leasachadh agus cruthachadh le daoine a thoirt còmhla aig a bheil cànanan agus cultaran eadar-dhealaichte. Obraichidh HIE gus na roinnean gu h-àrd a leasachadh, a' faighinn barrachd tuigse air comas ghoireasan mar an ionad chruthachail Fàs agus ceanglaichean HIE ri Massachusetts Institute of Technology (MIT) tro DistanceLab a tha nam fòcas airson rannsachadh, leasachadh agus ùr-ghnàthachadh.

Ged a tha cleachdadh dearbh-aithne shònraichte na Gàidhlig ann an Alba gu mòr air a thogail mar dhòigh air am faodadh a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan cur ri fiosrachadh luchd-turais, tha iomadh comas eile aig a' Ghàidhlig air luach a chur ris an roinn turasachd. Obraichidh HIE le com-pàirtichean, mar VisitScotland, gus Gàidhlig/da-chànanais na sgìre a neartachadh mar dhòigh air cleachdadh agus sanasachd air cho sònraichte 's a tha an sgìre.

#### Gnìomhan:

- Cuiridh HIE air chois buidheann de stiùirichean gnothachais a bheir comhairle air leudachadh na tha Gàidhlig a' cur ris an eaconamaidh
- Adhartaichidh HIE na buannachdan gnìomhachais ann am barrachd cleachdadh na Gàidhlig ann am margaidheachd agus sanasachd bhathar
- Bheir HIE taic do fhàs seasmhach nan gnìomhachasan cruthachail agus a' bhathair agus nan seirbheisean a tha stèidhichte air a' Ghàidhlig
- Obraichidh HIE còmhla ris an roinn turasachd gus feum nas fheàrr a dhèanamh den Ghàidhlig mar mhaoin ro-chudromach ann am bòidhchead na sgìre
- Iarraidh HIE air gnothachasan san roinn prìobhaidich agus buidhnean san treas roinn soidhnichean Gàidhlig agus da-chànanach a chleachdadh
- Iarraidh HIE air a luchd-dèiligidh beachdachadh air dè an dòigh as èifeachdaiche dhaibh airson a' Ghàidhlig a chleachdadh ann a bhith a' toirt taic do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an dòigh a chruthaicheas cothroman a chum bhuannachdan ùra.



## 6.2 Gàidhlig ann am fàs choimhearsnachdan seasmhach, co-aonaichte

Tha a' Ghàidhlig, agus an dualchas cultarach 's a' bheul-aithris co-cheangailte rithe, na stòras cudromach airson tuilleadh leasachaidh air coimhearsnachd agus eaconamaidh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Ach a' Ghàidhlig a chumail mar chànan beothail le cultar tha fìor bheò, tha e cudromach gum faigh ginealach ùr de dhaoine òga air a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan an cothrom fàs suas mar shluagh aig a bheil comas a' Ghàidhlig a bhruidhinn le misneachd, fileantachd agus mar chiad chànan.

Cuiridh obair HIE tron an raon-dleistanais leasachadh coimhearsnachd cudrom air na ceàrnaidhean dhen Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan aig a bheil dùbhlain sònraichte air a chomharrachadh le lagachadh choimhearsnachdan tro chall sluaigh, teachd-a-steach ìosal, ro bheag de chothroman cosnaidh, droch bhun-structar agus iomallachd (feuch mapa Sgìrean Dùbhlannach HIE).

Bidh obair HIE a' coimhead ri cothroman a lorg air a' Ghàidhlig a chleachdadh mar dhòigh air cosnadh a thoirt do bhuidhnean a tha ag obrachadh aig ìre coimhearsnachd. Tha ionnsachadh, teagasg no fèisean ealain Gàidhlig, agus barrachd ùidh ann an dualchas agus sloinntearachd uile a' toirt chothroman mòra do bhuidhnean a tha ag obair ann an coimhearsnachdan sa bheil Gàidhlig air a labhairt no ann an coimhearsnachdan le dualchas Gàidhlig làidir. Cuiridh iomairtean cudrom sònraichte air leasachadh ann an coimhearsnachdan an ceàrnaidhean le prìomhachas, agus na sgìrean a tha a' faighinn taic tro chur an seilbh agus obair le buidhnean mar Companaidh Cumhachd Coimhearsnachd no Ionad Fearainn Coimhearsnachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

### Gnìomhan:

- Obrachadh còmhla ri coimhearsnachdan ach cothroman eaconamach a chomharrachadh tro phròiseactan Gàidhlig agus cultar agus dualchas traidiseanta taobh a-staigh choimhearsnachdan le cudrom sònraichte air iomairtean turasachd cultarach
- Cumaidh HIE taic do fhàs thachartasan Gàidhlig agus ath-bheothachadh na Gàidhlig mar chànan a tha air a labhairt sa choimhearsnachd tro phrògraman Neartachadh Choimhearsnachdan agus a' filleadh a-steach leasachadh Gàidhlig ionadail mar phrìomh phàirt dhen iomairt Fàs aig an Oir.

## 6.3 Gàidhlig ann am beatha na h-Alba

A chum gus piseach a thoirt air mar a tha a' Ghàidhlig a' cur ri leasachadh sòisealta agus eaconamach na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Alba, tha e deatamach gun tèid tuilleadh rannsachaidh a chumail air mar a tha a' Ghàidhlig a' cuideachadh leasachadh coimhearsnachd agus gu sònraichte leasachadh eaconamach aig ìre roinneil agus nàiseanta.

Bidh HIE a' coimhead ri argamaid èifeachdach a chur ri chèile airson seasmhachd a thoirt don Ghàidhlig air adhbhar is gu bheil pàirt cudromach aig leasachadh a' chànan ann an leasachadh eaconamach agus coimhearsnachd. Tro chom-pàirteachasan le prìomh bhuidhnean leasachaidh agus rannsachaidh eile ullachidh HIE prògram de sàr rannsachadh a chumseachadh air sgìrean a tha fìor iomchaidh.

Tha ceanglaichean sònraichte HIE leis an riaghaltas, eadar-bhuidhneach agus aig le buidhnean planaigh coimhearsnachd, a' ciallachadh gur e buidheann air leth cudromach agus buadhach a tha innte aig ìre roinneil agus nàiseanta. Bidh HIE a' cur cudrom air luach na Gàidhlig agus ga h-adhartachadh ann an leasachadh leantainneach sgìre HIE, neartachadh choimhearsnachdan iomallach agus an comas airson leasachadh aig ìre nàiseanta, agus mar phrìomh inneal a tha a' stiùireadh fàs eaconamach seasmhach.

### Gnìomhan:

- Obraichidh HIE le buidhnean Gàidhlig gus iomhaigh na Gàidhlig, agus taic dhith, àrdachadh air feadh Alba
- Obraichidh HIE le buidhnean Gàidhlig gus cleachdadh modhan labhairt Gàidhlig ann am beatha làitheil a leudachadh, mar phrìomh phàirt de gnàthachadh a' chànan an Alba
- Cruthaichidh HIE buidheann rannsachaidh airson fiosrachadh a thoirt air leasachadh Gàidhlig mar dhòigh air fàs eaconamach seasmhach a thoirt gu buil
- Obraichidh HIE gus spiorad ùr-ghnàthachaidh agus iomairt àrach am measg bhuidhnean leasachaidh Gàidhlig, a' brosnachadh fàs ann an iomairtean sòisealta agus malairteach a tha ag obrachadh aig ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail.

## 7 Cumail sùil air gnìomhachadh a' Phlana

Theid na dleastanasan gu h-àrd uile a thoirt air adhart sa chiad dol a-mach le Manaidsear Poileasaidh Gàidhlig HIE. Cuiridh an neach seo planaichean gnìomhachaidh ri chèile a' mìneachadh prìomh luchd-obrach agus clàran-ama adhartais airson gach pròiseact agus obair.

Mus deach am Plana seo a chur ri chèile chumadh sgrùdadh bunaiteach a' beachdachadh air ìrean mothachaidh air a' Ghàidhlig agus gach iomairt agus cur an seilbh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Bheir seo fiosrachadh a thaobh gnìomhachadh a' Phlana agus bheir e cothrom do HIE adhartas a thomhas mu choinneamh nan targaidean air am mìneachadh gu h-àrd. Nì HIE sgrùdaidhean cunbhalach air sgilean cànan a' coimhead ri ìrean de sgilean labhairt, sgrìobhaidh agus/no leughaidh ann an Gàidhlig. Nì HIE sgrùdadh mionaideach gus co-dhùnadh air cò iad na dreuchdan a bu chòir a bhith air an sònrachadh mar dhreuchdan Gàidhlig-riatanach, a' toirt aire do reachdas buntainneach. Cumaidh HIE liosta dhen h-uile sgrìobhainn da-chànanach a dheasaicheas a' bhuidheann.

Bidh adhartas mu choinneamh nan targaidean gu h-àrd air a sgrùdadh gu cunbhalach le buidhinn in-sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig: 'A' Bhuidheann Mheasaidh'. Bidh a' bhuidheann seo air a dhèanamh an àrd le riochdairean à diofar sgìrean, còmhla ri riochdachadh bho bhuidhnean HIE agus bho sgìoban laghail, sgrùdaidh agus ghoireasan daonna. Coinnichidh a' bhuidhinn gu cunbhalach gus beachdachadh air adhartas agus dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri adhartas mu choinneamh thargaidean. Bidh a' bhuidheann seo a' sireadh comhairle bho Bhòrd na Gàidhlig.

Cuiridh a' Bhuidheann Mheasaidh aithisg bhliadhnail a-steach airson sgrùdadh le bòrd HIE agus le Bòrd na Gàidhlig. Cumaidh HIE measadh buaidh cànan, beachdachadh air gach roinn de dh'obair HIE, fhad 's a mhaireas am Plana seo. Theid am measadh buaidh air cànan seo a chur gu Bòrd na Gàidhlig mar fhiosrachaidh.

Thèid adhartas HIE le gnìomhachadh a' Phlana tro às-mheasadh a h-uile trì bliadhna. Bidh am measadh seo air a sgrùdadh le buidhinn chomhairleachaidh bhon taobh a-muigh a nì molaidhean a thaobh gnìomhachadh a' Phlana san àm ri teachd.

Cumaidh HIE sgrùdaidhean beachd air a' phobaill bho àm gu àm cuideachd gus comhairle a chur ri luchd-labhairt Gàidhlig a thaobh ìrean seirbheis ann an Gàidhlig agus bidh am modh gearain co-fhreagarrach air fhoillseachadh.

## 8 Luchd-fios san ùghdarras

'S e Àrd-oifigear HIE am prìomh oifigear a bhios an urra ris a' Plana Gàidhlig HIE. 'S e Sandaidh Cuimeanach a tha an-drasta san dreuchd:

executive.office@hient.co.uk  
01463-244204

'S e Am Manaidsear Poileasaidh Gàidhlig HIE am prìomh neach-fios agus an t-oifigear le uallach airson deasachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh a' Phlana. 'S e Alasdair MacLeòid a tha an-drasta san dreuchd:


alasdair.macleoid@hient.co.uk  
01463-244519

**Am measg luchd-fios feumail eile tha:**

An t-Ollamh Iain Watt, Stiùiriche Neartachadh Choimhearsnachdan. HIE  
john.watt@hient.co.uk  
01463-244276


## Eàrr-ràdh 1 Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig ag amas air àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig a dhùblachadh thairis air na 35 bliadhnan a tha romhainn, bho 58,000 ann an 2001 gu 100,000 ann an 2041.




Ach am fàs seo a thoirt gu buil, tha am Plana Nàiseanta a' comharrachadh nan targaidean a leanas mar dhòigh air dèanamh cinnteach gum meudaich togail cànan tro fhàs ann am foghlam da-chànanach, a' meudachadh nan àireamhan a' dol a-steach don t-siostam foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig gu 4,000 ann an 2021, 10,000 ann an 2031, agus gu 15,000 ann an 2041 (b' e 313 am figear airson 2006/07).

Tha na leanas a' sealltainn an fhàis air an robhar a' cuimseachadh anns an t-siostam foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig:



## Eàrr-ràdh 2 Sgìlean Gàidhlig a rèir sgìre, 2001



### Sgìlean Gàidhlig taobh a-staigh Sgìre HIE






Highlands and Islands Enterprise  
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

## Dùbhlain do sgìrean ann an 2009

-  Sgìrean cugallach
-  Raointean cion-cosnaidh



© Seirbheisean Chlàran-dùthcha Wendy Price 2008. Air a stèidheachadh air clàran an t-Suirbhìdh Òrdanais  
© Còraichean a' Chrùin Iomairt na Gàidhealtachd 100020539